

## Prìomh Theachdaireachdan

San fharsaingeachd, tha àrainneachd Alba glè mhath agus chaidh iomadh leasachadh cudromach a dhèanamh o chionn bhliadhnaichean.

Ach tha Aithisg Staid na h-Àrainneachd a' sealltainn gu follaiseach gu bheil cuid de dh'àrainnean agus de ghnèithean ann an cunnart, agus tha èadhar nach eil ro ghlan fhathast a' toirt buaidh air cuid de dhaoine anns na bailtean agus sna mòr-bhailtean.

Thar nan linntean thug daoine agus a' ghnàth-shide cumadh air an tìr, agus chan eil ach glè bheag de dh'àrainnean nàdarra, air nach robh buaidh, air fhàgail fhathast.

A dh'aindeoin sin, tha àrainneachd chliùiteach Alba air cùl na deagh dhòigh-beatha a th' aig mòran againn, agus tha i na bunait do dh'eaconamaidh shoirbheachail. Air an làimh eile, tha droch bhuaidh aig àrainneachd a th' air a milleadh (glè thric ann an sgìrean far a bheil na daoine as bochda a' fuireach) air ar slàinte is ar sunnd.

Tha an àrainneachd a' toirt mòran shochairean dhuinn, mar an èadhar, ar biadh agus an t-uisge a bhios sinn ag òl, a bharrachd air a liuthad seòrsa stuth a dh'fheumas sinn nar dachannan, aig ar n-obair agus airson cur-seachad.

Bidh am fearann ga chleachdad airson iomadh adhbhar, agus tha sinn an urra ris an ùir airson biadh fhàs agus airson carbon a stòradh. Tha eugsamhlachd bith-eòlais sa mhuij, an ire mhath gun truailleadh, le iasgach is cruthachadh lùth air cuid dhe na dòighean sa bheilear ga cleachdad. Sa mhòr-chuid dhen dùthach, tha staid àrainneachd an fhior-uisge math, agus ann an àitichean tha e air fàs gu math nas fheàrr. Tha staid na h-èadhair cuideachd a rèir na h-inbhe a bu chòir sa chuid as mothà de sgìrean.

San fharsaingeachd tha riaghailtean àrainneachd air an cur an sàs gu fior dheagh ire, agus chithear sin ann an staid na h-àrainneachd. Ach, cleas eaconamaidhean gniomhachasail eile, chuir Alba ri milleadh na h-àrainneachd ann an ceàrnaidhean eile dhen t-saoghal. Tha pàirt mhòr aig iarraidh luchd-cleachdaidh (an iarraidh a th' againn air bathar, mar a tha gniomhachas ga dhèanamh, agus mar a tha sinn ga chleachdad agus a' cur às dha) anns na trioblaidean a th' againn san àrainneachd.

Air feadh an t-saoghal, 's e atharrachadh sa ghnàth-shide an dùbhlann as mothà a th' aig àrainneachd. Tha an dàta a tha ri fhaotainn air an t-sìde a' sealltainn gun do dh'atharraich gnàth-shide Alba thar nan 100 bliadhna mu dheireadh le samhraidhean nas tiorama, geomhraidhean nas fliuiche agus uisge mòr ann gu math nas trice. Tha sinn uile a' cur gu mòr ris an atharrachadh luath a tha seo sa ghnàth-shide. Bheir gnàth-shide eadar-dhealaichte atharrachadh mòr air an àrainneachd agus bheir e buaidh mhòr air beatha gach duine ann an Alba.

Tha ceangal eadar gach pàirt dhen àrainneachd agus tha gach pàirt an eisimeil a chèile airson gum fuirich nithean ann an deagh òrdugh. Gu h-iosal, thug sinn iomradh air càileachd nam priomh phàirtean. Tha barrachd fiosrachaид air a' cheangal a tha eatarra anns gach caibideil is topaig.

## Èadhar

Anns na bailtean, tha càileachd na h-èadhair air fàs gu math nas fheàrr bho na 1950an, ach tha càileachd na h-èadhair fhathast na adhbhar uallaich ann an àitichean ann an cuid dhe na bailtean is na mòr-bhailtean. Anns na bailtean, tha smùid a tha còmhdhail a' leigeil mu sgaoil na phriomh adhbhar air truailleadh.

## Uisce

San fharsaingeachd tha am fior-uisge agus a' mhuir ann an deagh staid, agus tha cuid mhath de lùghdachadh air tighinn air truailleadh thar nan 25 bliadhna mu dheireadh. Tha fhathast duilgheadasan ann air sgàth call àrainnean agus fiadh-bheatha (san latha an-diugh agus gu h-eachdraidheil) agus bho thruailleadh uisce, gu sònraichte air sgàth 's gu bheil uiread de mhathasan a' dol dhan uisce. Faodaidh tuiltean agus tart an eaonamaidh againn agus fiadh-bheatha a mhilleadh, agus buaidh a thoirt air ar slàinte is ar sunnd.

## Talamh

'S e na diofar sheòrsaichean de fheartan-tìre, de chreagan agus de ùir ann an Alba bunait an deilbh-tìre, na fiadh-bheatha is an dualchais chultarail. Tha an talamh air a chleachdad airson iomadh adhbhar, agus feumaidh sinn cothromachadh a dhèanamh eadar gach feum a tha sinn a' dùnanamh dheth.

Tha am feum a tha sinn a' dùnanamh dhen fhearann agus mar a tha sinn ga mhanaidseadh agus ga leasachadh, nan adhbharan cudromach air atharrachadh. Tha leudachadh ann an leasachaidhean togte agus am fàs a thathar an dùil a bhios ann an coilltean ag atharrachadh an deilbh-tìre, agus tha dòighean tuathanachais dian, agus mar a tha sinn a' manaidseadh nam bailtean, ag atharrachadh àrainnean agus fiadh-bheatha.

## Na thathar a' dùnanamh

Thathar a' feuchainn ri dèiligeadh ri na diofar dhuilgheadasan; mar eisimpleir, tron Ro-innleachd Fearainn, Plana Nàiseanta na Mara, Achd Atharrachadh na Gnàth-shìde (Alba), Frèam-stiùiridh Uisce, Planaichean Manaidseadh Chuachan-aibhne agus Ro-innleachd Eugsamhlachd na h-Alba.

'S e am priomh dhùbhlan cothromachadh seasmhach fhaotainn eadar feumalachdan sa gheàrr-ùine agus a bhith a' cumail suas, no a' toirt piseach air càileachd na h-àrainneachd airson nan ginealach ri teachd.



LIFE10 ENV-UK-000182

Chan e rud sìmplidh a th' ann a bhith a' lùghdachadh na buaidh a th' againn air an àrainneachd agus chan eil fuasgladh air ach le buidhnean poblach, gniomhachasan, buidhnean neo-riaghaltais, buidhnean rannsachaид agus am poball a bhith ag obrachadh còmhla.